
Semeastar 1 2015-16

BA Cànan is Cultar na Gàidhlig

Tìotal a' Mhodail:	Dualchas Gàidhlig
Còd a' Mhodail:	UQ509829
Là is Ceann-là	Diardaoin 10 Dùbhlachd, 2015
Uair/Ùine:	13.25 – 16.30

'S fhiach an deuchainn seo 50% de na comharran a ghabhas faighinn gu h-iomlan sa mhodail.

Fiosrachadh:

Chan eil leabhraichean ceadaichte airson na deuchainn seo idir is chan fhaodar stuth sgrìobhte sam bith a thoirt a-steach do sheòmar nan deuchainnean.

Thèid a thoirt seachad aig an uair gu h-àrd air là na deuchainn.

Gheibhear còig mionaidean airson na ceistean a leughadh mus tòisich an deuchainn.

Faodar **notaichean** a sgrìobhadh sna còig mionaidean seo.

Chan fhaod thu freagairt sam bith a sgrìobhadh air a' phàipear cheist mura deach iarraidh ort seo a dhèanamh gu sònraichte.

Feumaidh tu peann **dubh no gorm** a chleachdadh.

A crìochnachadh do dheuchainn:

Tha ceithir Earrannan anns a' phàipear seo.

Tha aig gach oileanach ri **trì** ceistean a fhreagairt. Feumaidh oileanaich aon cheist a fhreagairt bho Earrainn A, agus dà cheist eile a fhreagairt bho **dhà** Earrainn eadar-dhealaichte eile, m.e. B is D, no C is D, no B is C.

Cuir an **àireamh oileanach** agad agus an **ionad-mheasaidh** a-mhàin air beulaibh gach leabhar-freagairt.

Na cuir d' ainm air pàirt sam bith den leabhair.

Cuir loidhne tro notaichean sam bith nach eil thu ag iarraidh a bhith air an ceartachadh.

A - Luchd-cruinneachaidh

Tagh **dithis** luchd-cruinneachaidh beul-aithris air an do dh'obraich thu anns a' mhodal. Dèan coimeas eadar na deifir dhòighean-obrach a bh' aca, agus mar a dheasaich iad na teacsaichean. Nad beachd-sa, cò an neach a bu shoirbheachaile aca, agus carson?

Tagh an aon chuid *Popular Tales of the West Highlands*, **air neo** *Carmina Gadelica*. Nad bheachd-sa, dè cho faisg 's a thig an obair a thagh thu ri sàr-bheachdan no *ideals* sgoilearachd beul-aithris an latha an-diugh?

B - Teòiric agus Dòighean-obrach

Dèan geàrr-chunntas, le molaidhean, air na dòighean-obrach as fheàrr a-thaobh a bhith a' dèanamh chlàraidhean beul-aithris anns an raon (*in the field*).

Gu dé théid air chall nuair a théid beul-aithris a sgrìobhadh sìos air pàipear?

C - A' Bheatha Làitheil

An àirigh: cò dheidheadh dhan àirigh, cuine, agus carson?

Dèan measadh air ciamar a tha cleachdaidhean mu phòsadh eadar-dhealaichte an-diugh seach mar a bha iad anns an t-seann shaoghal Ghàidhealach, agus thoir seachad beachdan mu carson.

D - Creideamh agus Cleachdaidhean

Sgeulachdan mun dà shealladh: ciamar a dh'fhaodadh iad a bhith feumail dhuinne an-diugh mar fhianais eachdraidheil (*historical evidence*) airson dòigh-beatha nan Gàidheal?

An droch shùil: creideas a chumadh coimhearsnachdan ri chéile, no creideas a dh'adhbhraicheadh an tuilleadh coistrì am measg nàbaidhean? Dèan measadh air a' cheist, agus thoir seachad adhbharan airson a' cho-dhùnaidh agad.